

RSNO

SCOTLAND'S NATIONAL
ORCHESTRA



Preantas an Draoidh

**Goireasan Ionnsachaidh do
sgoilearan Bun-sgoil 5-7**

*Resources created by A.Simpson & J.Henderson in partnership with
the Royal Scottish National Orchestra*

Clàr-innse

- 3 An Sgoilear Mar Phreantas: Litearrachd agus Obair Buidhne
- 5 Crùthaich do gheas fhèin: Litearrachd
- 6 Rap an Draoidh: Ceòl agus Litearrachd
- 8 Tuigsinn Atharrachadh Cliomaid: Litearrachd agus Ionnsachadh Sòisealta
- 10 Balla Mothachaidh a' Chlas: Ionnsachadh Sòisealta agus Ealain agus Dealbhadh
- 11 Dèan Ad Draoidheachd Agad Fhèin: Ealain agus Dealbhadh

Pàipearan-taic

- 16 Slatan-tomhais, Eòlasan agus Builean



Crùthaich do Gheas Fhèin

B' e seo an geasa às an sgeulachd:

*"Fetch me water from the river,
Little broom of wood and stick,
Pour it in the castle cauldron,
Broom be living, broom be quick!"*

Tha na faclan aig deireadh loidhnichean 2 agus 4 rimeadh- '**stick**' agus '**quick**'. Tha am fuaim '**ick**' aig an deireadh. 'S e eisimpleir eile a th' ann an '**fast**' agus '**last**' - tha '**ast**' aig deireadh na faclan seo. An smaoinich thu air faclan rann airson nam facal gu h-ìosal?

cat, tree, school, frog, book, strong, rocket, wizard

Ma tha e doirbh dhut, smaoinich air an fhuaim aig deireadh gach facal. Tha am facal 'cat' a' crìochnachadh san fhuaim 'at'. A-nis feuch ri smaoinich air a h-uile litir san aibideil agus cuir 'at' ris... 'bat, cat, dat, fat, gat' msaa. Chan e faclan a tha seo uile ach tha cuid dhiubh, 'bat' agus 'fat'. Is iad seo rannan cuideachdail airson loidhnichean 2 agus 4 den gheasaibh againn.

Bu chòir 4 loidhnichean a bhith againn agus bu chòir loidhnichean 2 agus 4 rimeadh. Tha sin a' ciallachadh gun urrainn dhut faclan duilich sam bith a chuir aig deireadh loidhnichean 1 agus 3!

1. _____
2. _____ (rime)
3. _____
4. _____ (rime)

Obair Leudachaidh:

Feuch ri loidhnichean an dàin a chumail den aon fhaid, gus an can thu do gheasaibh còmhla ri buillean ciùil.



Rap an Draoidh

Is e stoidhle ciùil a th' ann an rapadh a tha a' toirt a-steach bruidhinn no seinn ann an dòigh ruitheamach. Bidh na faclan gu tric a' rimeadh agus faodaidh iad a dhol còmhla ri buille.

Mar luchd-ciùil, feumaidh sinn èisteachd ri chèile nuair a chluicheas sinn gus cumail ann an tìde. Tha seo gu sònraichte cudromach ann an rap oir feumaidh na faclan a bhith a' fiotadh air a' bhuille.

Feuchaidh sinn ri bualadh air a' bhuille còmhla:



An urrainn dhut feuchainn ri faclan an gheasaibh a chluich air mullach a' bhuille?

*“Fetch me water from the river,
Little broom of wood and stick,
Pour it in the castle cauldron,
Broom be living, broom be quick!”*

(Tha faclan dearga a' sealltainn far am bu chòr 'clap' a bhith)

Obair Leudachaidh:

Am feuch thu ris an dàn agad fhèin a ràdh mar rap còmhla ris a' bhuille

A' cur Body Percussion

Ann an cheòl airson Preantas an Draoidh tha tòrr ruitheaman eadar-dhealaichte tron phìos.

Tha sinn a' dol a chleachdadh ar bodhaig gus fuaimean a bharrachd a chrùthachadh a bhiodh a' fiotadh air a' bhuille bualadh againn.

Am measg nan dòighean anns an urrainn dhut fuaimean a dhèanamh tha a bhith a' briogadh air do chorragan, a' stampadh do chasan agus a' cnagadh do ghùinean/bhroilleach. An urrainn dhut smaoinich air dòighean sam bith eile?

Tha sinn gu bhith a' tighinn suas le ruitheam airson 4 buille. Tha sin a' ciallachadh gum feum e a dhol a-steach don àite de cheithir builean/clapan. Dh' fhaodadh e a bhith mar na h-eisimpleirean seo:

	Clap	Clap	Clap	Clap
1	Stamp	Click click	Stamp	Click
2	Click click	Click click	Click click	Stamp
3	Tap tap tap	Stamp	Tap tap tap	Stamp

Cum ort gus an lorg thu fear as toil leat.

Mar chlas, dh' fhaodadh tu beagan dhiubh seo a chuir air bharr a chèile agus an coileanadh le 3-4 neach air gach pàirt. Dèan cinnteach gu bheil buidheann ann a chumas am bualadh air a' bhuille a' dol gu seasmach gun a bhith a' fàs nas luaithe.

A-nis feuch an urrainn dhut beagan gheasan a sheinn thairis air fhad 's a tha thu a' fuireach ann an tìde.

Obair Leudachaidh:

Cuir beagan ionnstramaidean percussion ris.



Tuigsinn Atharrachadh Cliomaid

Ann am Preantas an Draoidh cha mhòr nach do chuir am balach tuil air an t-saoghal. Tha seo buntainneach don t-saoghal anns a bheil sinn beò an-diugh oir tha sinn uile nas mothachail air atharrachadh cliomaid agus a' bhuidhe a th' aige air mòr-thubaistean nàdarra leithid tuiltean.

Gnìomh Tòiseachaidh

Cuir suas soidhne air aon bhalla den chlas leis an fhacal 'Aontaich'. Air a' bhalla mu choinneamh, cur an soidhne 'Easaontaich'.

Leugh na h-abairtean a leanas agus iarr air na sgoilearan àite a thaghadh airson seasamh a thaobh nan soidhnichean. Mar as fhaighe a sheasas iad air aon de na soidhnichean, is ann as treasa a bhios am beachd a tha iad a' cur an cèil. Faodaidh an fheadhainn aig nach fios, no nach eil airson a ràdh, fuireach sa mheadhan.

Nuair a tha sgoilearan air suidheachadh a thaghadh, faodaidh tu faighneachd do dhaoine fa leth carson a thag iad seasamh ann an àite sònraichte.

Abairtean

- Tha an aimsir co-ionann ri gnàth-shìde – Tha e a' ciallachadh an aon rud
- Tha atharrachadh gnàth-shìde air adhbhrachadh le bhith a' gearradh chraobhan sìos
- Dh'fhaodadh cleachdadh charbadan dealain cuideachadh le bhith a' lughdachadh atharrachadh cliomaid
- Bidh a bhith a' dol gu vegan a' cuideachadh le bhith a' lughdachadh do Lorg Carboin
- Bhiodh tighinn dhan sgoil air baidhsagal na chuideachadh don àrainneachd
- Tha mi a' tuigsinn mar a bhios ath-chuairteachadh a' cuideachadh le bhith a' sabaid ri atharrachadh cliomaid
- Bidh gas à bheathaichean a chuireas ri atharrachadh cliomaid
- Bidh mi ag ath-chuairteachadh rudan a h-uile latha
- Chan eil itealaich ann am plèanaichean a' toirt buaidh air atharrachadh cliomaid
- Tha atharrachadh cliomaid an urra ris a h-uile duine
- *Beachdan sam bith eile a bhiodh tu airson tuigse luchd-ionnsachaidh a mheasadh*

Gnìomh Deasbaid

Cruinnich an clas air ais agus bruidhinn air na tha 'aimsir' agus 'gnàth-shìde' a' ciallachadh? Dè an diofar?

- Tha an aimsir a' toirt cunntas air an t-suidheachadh làitheil. Aon latha dh'fhaodadh gum bi e fuar agus fliuch agus an ath latha dh'fhaodadh gum bi e tioram agus grianach. Tha e an-còmhnaidh ag atharrachadh.
- Tha gnàth-shìde a' toirt cunntas air an aimsir chuibheasach thar ùine glè fhada m.e. 100 bliadhna

Ciamar a tha ar ghnàth-shìde ag atharrachadh?

- Tha an saoghal againn a' teasachadh suas. Tha e air blàthachadh gu cuibheasach (mu) 1 degree bho na 1880 an. Ged nach eil sin coltach ri mòran, tha e mar-thà a' ciallachadh gu bheil an aimsir againn a' fàs nas miosa agus nas miosa, aig a bheil buaidh mhòr air daoine agus beathaichean air a' phlanaid againn.
- Tha e air leantainn gu stoirmean agus tuiltean nas trice agus nas cumhachdaiche, a' leaghadh ceipean deighe, àrdachadh ann an ìre na mara agus ann an sgìrean eile, tiormachd.
- Bidh seo a' fàgail bheathaichean gun àrainnean agus daoine gun bhìadh is dachaighean.

Carson a tha an talamh a' teasachadh suas?

- Tha an fhianais a' sealltainn gur e gnìomhachd daonna a th' ann – losgadh connadh fosail (fossil fuels) sa mhòr-chuid, ach cuideachd dì-choillteachadh, agus tuathanachas-bainne (tha buaidh aig braimeannan bà!). Le bhith a' losgadh connadh fosail, tha daoine ag àrdachadh na gaaichean taigh-glainne ann an àile na Talmhainn (earth's atmosphere) agus ag adhbhrachadh gu bheil e a' teasachadh suas. Bidh connadh fosail a' dèanamh mu 50% de dhealan na Rìoghachd Aonaichte.

Smaoinich air an latha agad bhon mhionaid a dhùisg thu madainn an-diugh...

- Dè an uimhir de dhealan a chleachd thu ro sgoil?
- An do chuir thu solas sam bith air? An do chleachd thu Alexa airson ceòl a chluich?
- An robh fras agad? An do thiormaich thu do ghruag?
- An gabh do theaghlach tòst no cupa tì airson bracaist?
- An robh thu a' coimhead Tbh mus do dh' fhàg thu dhan sgoil?
- Dè an ìre de dhealan a chleachdas tu sa chlasrum agad an-dràsta? Feuch an urrainn dhut na h-uile rud a tha plugte a-steach a chunntadh.
- Cia mheud seòmraichean-teagaisg a tha san sgoil?
- Dè an ìre gu bheil sinn an urra ri dealan? A bheil thu a' smaoinichadh gum b' urrainn dhut latha slàn a riaghladh gun dad?

Dè thachras ma chumas an talamh a' fàs nas teotha?

- Thug luchd-saidheans rabhadh dhuinn san àm a dh'fhalbh gum biodh ar gnìomhachd ag adhbhrachadh blàthachadh na cruinne ach nach robh gu leòr dhaoine deònach èisteachd no an dòigh-beatha atharrachadh. Tha luchd-saidheans a-nis ag ràdh ro dheireadh na linne seo gum faodadh ar planaid a bhith 3-6 degreathan nas teotha.
- Mura dèan sinn leth ar sgaoilidhean (emissions) anns na 10 bliadhna a tha romhainn bidh e a' toirt buaidh air ar solar bìdh agus ruigsinneachd air uisge glan.
- Leanaidh ìrean na mara ag èirigh gus am bi raointean mòra fon uisge.
- Tha an àm ri teachd neo-chinnteach ach chan eil e ro fhadalach rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn. Tha e an urra ris a h-uile duine a cheartachadh.

Dè as urrainn dhuinn a dhèanamh?

- Tog mothachadh
- Lùghdaich ar cleachdadh lùtha
- Atharraich mar a tha thu a' siubhal
- Lùghdaich, ath-chleachdadh, ath-chuairteachadh
- Smaoinich mu mhìltean bìdh agus sgudal bìdh
- Cuir taic ri lùths ath-nuadhachail – gaoth, grian, msaa



Balla Mothachaidh a' Chlas

Tha sinn a' dol a thogail mothachadh air dè as urrainn dhuinn a dhèanamh le bhith a' cruthachadh mural mhòr airson balla sa bhun-sgoil agad.

Tagh aon no dhà de na rudan as urrainn dhuinn a dhèanamh gus cuir an-aghaidh atharrachadh cliomaid bhon liosta gu h-ìosal:

- Tog mothachadh
- Lùghdaich ar cleachdadh lùtha
- Atharraich mar a tha thu a' siubhal
- Lùghdaich, ath-chleachdadh, ath-chuairteachadh
- Smaoinich mu mhiltean bìdh agus sgudal bìdh
- Cuir taic ri lùths ath-nuadhachail – gaoth, grian, msaa

Dèan plana airson do dhealbhadh. Faodaidh seo a bhith na ghnìomhachd clas gu lèir, no faodaidh e a bhith na fharpais (neach fa leth/buidheann). Faodaidh tu tighinn suas le slogan no visuals gus na puingeann agad fhaighinn tarsainn.


Aon uair 's gu bheil thu air dealbhadh aontachadh, cleachd pàipear freeze agus tarraing no dhealbhadh do phlana gus an obraich e mar ìomhaigh mhòr a tha tarraingeach air a' bhalla.

Thoir a-steach “sgudal” agus feuch an urrainn dhut am mural agad a chruthachadh a-mhàin bho stuthan a th' agad mu thràth – puingeann a bharrachd mura h-urrainn dhut an ath-chleachdadh no an ath-chuairteachadh mar as trice. 'S e deagh dhòigh a tha seo airson ath-chleachdadh agus ath-chuairteachadh a mhodail an aghaidh atharrachadh cliomaid.



Dèan Ad Draoidheachd Agad Fhèin

1. Tagh dath a tha thu ag iarraidh a bhith san ad agus tarraing leth-chearcall air pìos cairt no pàipear siùcair gus cumadh còr an ad a thòiseachadh. .



Na gabh dragh mura h-eil an dath a tha thu ag iarraidh. Mar a chì sibh bhon phròiseact dèante ann an eisimpleir an RSNO, pheant sinn an fhear againn dubh. Faodaidh tu pheantadh ann an dath eadar-dhealaichte nas fhaide air adhart!

- a. Brùth puing combaist air taobh fhada a' pàipeir agad gus am bi e ceart sa mheadhan. An uair sin, tarraing am peansail combaist a-mach gus am bi e 20/30cm bhon phuing ('s e 21cm am meud as motha a tha comasach air A3). Gluais am peansail gus lùb a tharraing bho aon taobh den pàipear chun an taobh eile.
- b. Mura h-eil combaist agad, ceangail sreang ri peansail. Cleachd sreang a tha an aon mheadhan ri leud an leth-chearcail. An uair sin, cùm an t-sreang aig an oir agus tarraing e gu teann mus tarraing thu an lùb leis a' pheansail.
- c. Dèan an leth-chearcail 25cm a leud ma tha an ad airson leanabh beag no tarraing leth-chearcail 30cm a leud ma tha e airson neach-ionnsachaidh nas sine no inbheach.



2. Geàrr a-mach an leth-chearcall agus cuir thairis na cinn biorach gus an còrn a chruthachadh.

- Cleachd siosar gus an liodhne lùbte (air an stuth) a gheàrradh gu faiceallach. An uair sin, cùm ceann biorach le gach làmh agus thoir còmhla iad gus am bi am pàipear a' lùbadh.

Lean ort a' tarraing nan cinn còmhla agus a' dol thairis orra le co-dhiu 2.5cm.

Tha e cudromach a dhol thairis air na cinn biorach gus nach bi beàrn air taobh fhada a' chòrn.



3. Staple bonn a' chòrn far a bheil na puingean a' dol thairis air.


Ma leigeas tu às na puingean, thig an còrn às. Gus a chumadh a chumail, staple bonn a' chòrn far a bheil na h-oirean a' dol thairis air.

Mura h-eil stapler agad, faodaidh tu teip no glaodh dà-thaobh a chleachdadh gus na h-oirean a chumail nan àite. Cumaibh cuimhne nach eil seo cho làidir agus ma tha thu mì-chùramach leis, is dòcha gun tèid am pàipear neo-dhèante.



4. Cruthaich fringe air bonn an ad

- Geàrr sliotan 2cm a tha 3cm bho chèile timcheall bonn a' chòn. Dèan fringe air' bhon.
- An uair sin, lùb gach slit gus am bi e a' comharrachadh air falbh bhon chòn.
- Tha seo cudromach gus an urrainn dhut a cheangal ri oir an ad.



5. Tarraing cearcall air an stuth agad gus tòiseachadh air oir an ad.

- Cuir rùilear thairis air bonn a' chòn agus sgrìobh sìos tomhas an trast-thomhas. (astar bho thaobh gu taobh an ad - chan e slits).
- Atharraich do chombaist gus am bi an aon trast-thomhas aig a' chearcall ri tomhas a' chòn.
- Tarraing loidhne dhìreach den aon mheud air an stuth agad.
- Cuir do phuing combaist air meadhan na loidhne agus gluais am peansail mun cuairt gus cearcall a tharraing.



6. Dèan cearcall eile a tha 10cm nas motha na 'n tè a tharraing thu mu thràth.

'S e an cearcall nas motha seo an oir a-muigh airson an ad.

- Cuir puing a' chombaist ann am meadhan na loidhne a tharraing thu airson a' chiad cearcall agad agus tarraing am peansail a-mach 10cm.
- Cleachd am peansail gus cearcall nas motha a tharraing timcheall a' chiad fhear.

7. Geàrr a-mach na cearcallan airson a' bhrim agus cuir air falbh an fhear bheag.

- Cleachd siosar airson an cearcall mòr a gheàrradh a-mach.
- Thoir gu faiceallach toll ann am meadhan a' chearchaill bhig gus an urrainn dhut na siosar a chuir a-steach don phàipear. Geàrr a-mach an cearcall bheag agus cuir às dha.



8. Cuir glaodh air mullach fringe a' chòn agus cuir am brim air a' chòn.

- Glaodh air mullach nan slits a phaisg thu air falbh bhon chòn.
- Mus bi cothrom aig an glaodh tiormachadh, brùth an cearcall mòr a gheàrr thu a-mach air a' chòn. Brùth air a' bhonn agus am fringe a cheangal ris a' phìos bruthach. (brim)

Mura h-eil glaodh agad, faodaidh tu an ad a thionndadh thairis agus teip a chur air am fringe ris a' bhrim.



9. Sgeadaich an ad agad le dealbhan, stiogairean no glaodh glitter.

Dè mu dheidhinn: ga peantadh, a' cleachdadh glaodh glitter, stiogearan Oidhche Shamhna, msaa



Benchmarking, experiences and outcomes from tasks

Task	Level	Literacy & English E+Os	Expressive Arts E+Os
The Pupil As The Apprentice	1	<ul style="list-style-type: none"> - LIT 1-01a / LIT 2-01a - LIT 2-02a - ENG 2-03a - LIT 2-04a - LIT 2-06a - LIT 2-09a - LIT 2-10a / LIT 3-10a - LIT 2-15a - ENG 2-17a - LIT 2-21a - LIT 2-22a - LIT 2-23a - ENG 2-27a - LIT 2-28a - ENG 2-30a 	
Create Your Own Spell	1	<ul style="list-style-type: none"> - LIT 2-06a - ENG 2-17a - ENG 2-19a - LIT 1-20a / LIT 2-20a - LIT 2-21a - LIT 2-22a - LIT 2-23a - LIT 2-24a - LIT 2-26a - ENG 2-27a - ENG 2-31a 	
The Sorcerer's Rap	1	<ul style="list-style-type: none"> - ENG 2-03a - LIT 2-04a - LIT 1-11a / LIT 2-11a - ENG 2-12a/ENG 3-12a/ENG 4-12a - LIT 2-13a - LIT 2-24a 	<ul style="list-style-type: none"> - EXA 2-17a - EXA 2-18a - EXA 2-19a

Task	Level	Literacy & English E+Os	Expressive Arts E+Os
Understanding Climate Change	1	<ul style="list-style-type: none"> - LIT 1-01a / LIT 2-01a - LIT 2-02a - ENG 2-03a - LIT 2-04a - LIT 2-06a - LIT 2-05a - LIT 2-07a - LIT 2-08a - LIT 2-09a - LIT 2-10a / LIT 3-10a 	
The Class Awareness Wall	1	<ul style="list-style-type: none"> - LIT 2-09a - LIT 2-10a / LIT 3-10a - LIT 2-14a - LIT 2-15a - LIT 2-16a - LIT 2-21a - LIT 2-22a - LIT 2-24a - LIT 2-23a - LIT 2-25a - LIT 2-26a - ENG 2-27a - LIT 2-29a - ENG 2-31a 	<ul style="list-style-type: none"> - EXA 2-02a - EXA 2-03a - EXA 2-04a - EXA 2-05a - EXA 2-06a
Make Your Own Sorcerer's Hat	1		<ul style="list-style-type: none"> - EXA 2-02a - EXA 2-03a - EXA 2-04a - EXA 2-07a

The RSNO's 2023 National Schools Concert Programme, Once Upon A Tune, is kindly supported by:

Aberdeen City Council
Aberdeen Endowments Trust
Alexander Moncur Trust
Balgay Children's Society
Castansa Trust
Cruach Trust
David & June Gordon Memorial Trust
Edgar E Lawley Foundation
Educational Institute of Scotland
Ettrick Charitable Trust
Forteviot Charitable Trust
Gaelic Language Promotion Trust
Gannochy Trust
Glasgow City Council
Hugh Fraser Foundation

Jimmie Cairncross Charitable Trust
Leach Family Charitable Trust
Leisure & Culture Dundee
MEB Charitable Trust
Mickel Fund
Northwood Charitable Trust
PF Charitable Trust
Q Charitable Trust
Scott-Davidson Charitable Trust
Stevenston Charitable Trust
Thomson Charitable Trust
Tillyloss Trust
Walter Scott Giving Group
William S Phillips Fund



THOMSON CHARITABLE TRUST



Illustrations © James Mayhew



Royal Scottish National Orchestra
19 Killermont Street, Glasgow G2 3NX

Charitable Company registered in Scotland
Company Number: SC027809
Scottish Charity Number: SC010702

The RSNO is supported by
the Scottish Government

